

Oran Bhagh A' Chàise

[faclan le Aonghas Moireasdan

words by Angus Morrison]

Gur mis' tha fo mhighean is m' inntinn fo chràdh
Mi seòladh à Cluaidh moch Diluain thar an t-sàil
Cur cuìl ris an aite 's an dùraiginn tàmh
Uibhist nam mòr bheann, dha òg thug mi gràdh.

Nuair thàinig mi òg ann gun eòlas air càs
Sealg air na h-eòin ann an òb Bagh a Chàise
Sin thug mi gu seòladh long mhòr nan cruinn àrd
'S e bhith strì ris a chuan dh' fhag fo luaisgean mi 'n dràst'.

Bha m' uair aig a chuibhle 's am paidhleat air bòrd
Gur tric bhios e seinn rium an long chumail stòlt'.
'S ann bhios m' inntinn-s air chuairt far an d' fhuairear mi òg
Uibhist a Tuath, eilean uaine nam bò.

Na h-ighneagan òga bu bhòidhche nan snuadh
Bhith gabhail na h-òrain mu bhòrd na cleith-luaidh
Chan fhaic mi nas mòth' 'ad mar b'eòlach leam uair,
Tha fasan na Galltachd ri teanntain gu tuath.